

Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh MG ALBA

Oifisean MG ALBA, Steòrnabhagh

Diciadain 24 Lùnastal 2016, 0900-1200

Dreachd geàrr-chunntas

Bòrd: Daibhidh Brew (*sa Chathair*) Màiri Kidd
Donaidh MacAmhlaidh

Luchd-obrach: Niall M Greumach (*Stiùiriche Ionmhais*) Chris Dòmhnallach (*Stiùiriche Obrachaidh*)
Donaidh Dòmhnallach (*Manaidsear Gnìomhachais*) – an làthair airson puing 9
Mairi Anna NicAonghais (*a' sgrìobhadh geàrr-chunntas*)

Gnothaichean gnàthach

1 Leisgeulan

Chaidh leisgeulan bho Dhùghall MacAmhlaigh a chomharrachadh ach chaidh fàilte a chuir air Mairi Kidd a bha na ball den Chomataidh 's i air ùr-thòiseachadh na Ball ùr den Bhòrd.

Bha an t-Àrd-Oifigear an lathair aig Comataidh Inbhean a bha dha chumail aig an aon àm.

2 Gnothach Dearbhte

Cha robh gin.

3 Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 10/5/16

Aontaichte.

4 Gnothaichean ag èirigh

Fo phuing 8 (Measadh Chunnartan) bhon choinneamh mu dheireadh, chaidh soilleireachadh a dhèanamh gu robhas an dùil coinneamh eadar Bòrd MG ALBA agus Bòrd na Co-bhanntachd a chumail feasgar 11/11/16 gus, am measg eile, an lùghdachadh ann an àireamhan luchd-coimhid a dheasbad.

5 Poileasaidhean – lèirmheas bliadhnail

Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail mar a leanas:

- i) Lèirmheas air measadh inbhe poileasaidhean na buidhne – bha buill riarachta le seo ach chaidh iarraidh ceangal chun na poileasaidhean fhèin a chuir ris an liosta agus dheigheadh seo a chuir fa chomhair a’ chomataidh aig an ath choinneamh.
(Gnìomh: MAMI)
- ii) Riaghailtean Ionmhasail na buidhne – bha leth-bhreac de na h-atharraichean a chaidh a moladh le BDO (luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-staigh) agus a chaidh aontachadh leis a’ Bhòrd sa Chèitean air beulaibh bhall. Bha buill riarachta agus thèid na riaghailtean ionmhasail agus leabhar-làimhe na buidhne ùrachadh dha rèir.
(Gnìomh NMG)
- iii) Poileasaidh Dìon Chloinne agus Inbhich So-leònta – chaidh seo aontachadh agus thèid e air beulaibh a’ bhùird air 13/9/16 (Gnìomh: MAMI)

6 Plana Leantainneach Ghnothaich

Bha pàipear air beulaibh bhall a’ mìneachadh gun deach deuchainn na bliadhna seo a chumail, gun rabhadh, air 22 Lùnastal 2016. Thèid an aithisg bhon deuchainn a chuir air fa chomhair bhall aig an ath choinneamh. (Gnìomh: CMD)

7 Poileasaidh Àrainneachd

Bha pàipear air beulaibh bhall leis an t-tionntadh den phoileasaidh mar a chaidh aontachadh ann an 2009, cuide ri earrann bho Aithisg Mhanadsaidh na Buidhne air a sgrìobhadh leis a’ bhuidheann Greenspace, le lèirmheas air adhartas suas gu meadhan 2016.

Chaidh aontachadh gun dheigheadh obair a bharrachd a dhèanamh air briathrachas a’ phoileasaidh. Tha am buidheann gu cunbhalach a’ coimhead ri modhan-obrach a dh’fhaodadh atharrachadh gus eimisean carboin a lùghdachadh gun a bhith a’ toirt cus buaidh air èifeachdas obrachaidh no seasamh agus cliù na buidhne. Am measg na bhios san lèirmheas bidh iomradh dha thoirt air gu bheil prìomh oifis na buidhne stèidhichte ann an Steòrnabhagh agus thathas a’ gabhail ris gum bi e do-sheachanta gum bi feum gu ìre air siubhal adhair. Thig am poileasaidh air ais air beulaibh na Comataidh san Dàmhair. (Gnìomh: NMG)

Ni an Sgioba Àrd-stiùiridh coimeas air na targaidean a th' anns a' Phlana Obrachaidh agus na targaidean ann an Aithisg Mhanadsaidh na Buidhne gus dèanamh cinnteach gu bheil amasan na buidhne a' dol air adhart so-fhaotainn agus ciallach. (Gnìomh: NMG)

8 Sgeama Peinnsein

Bha pàipear air beulaibh bhall agus thug an Stiùiriche Ionmhais iomradh air.

Chaidh còmhraidh a chumail mun mhearachd a chaidh a dhèanamh le luchd-solar rola-pàighidh na buidhne (payroll service provider). Chaidh aontachadh gun tigeadh pàipear chun na h-ath choinneimh le molaidhean a thaobh a bhith a' cur seirbheisean rola-pàighidh na buidhne a-mach gu tairgse. (Gnìomh: NMG)

Chaidh aontachadh gun deigheadh cumail le Royal London mar sholaraichean peinnsein na buidhne agus dheigheadh lèirmheas a dhèanamh san Dàmhair 2017. (Gnìomh: NMG)

9 IPR (Intellectual Property Rights) Phrògraman

Bha pàipear air beulaibh bhall agus thug am Manaidsear Gnìomhachais iomradh air. Bha am pàipear a' mìneachadh an t-suidheachaidh a thaobh mar a bhathas an-dràsta a' dèiligeadh ri ath-chraolaidhean, gu h-àraidh còraichean phrògraman airson 'secondary periods' agus an robh e èifeachdach a thaobh cosgais agus ghoireasan. A' dol air adhart, ni MG ALBA oidhirp na leanas a chuir an-sàs ann an cùmhnantan:

- Bolt on fee-free non-exclusive secondary period licences
- International distribution where possible
- Up-front clearances bought out in perpetuity by the producer (where ethically and practically sound and desirable).

10 Sgrùdadh in-thaigh 2015/16

Bha pàipear air beulaibh bhall agus thug an Stiùiriche Ionmhais iomradh air. Bha am pàipear a' mìneachadh:

- i) Molaidhean an luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-staigh (BDO) a thaobh cairtean creideis.

Gus a bhith èifeachdach, soilleir agus gus cunnartan a lùghdachadh, chaidh aontachadh coimhead ris a' phròiseas air cùlaibh pàighidhean agus an àireamh de chairtean a bh' aig a' bhuidheann. Thig seo air beulaibh na Comataidh san Dàmhair (Gnìomh: NMG)

- ii) Molaidhean eile BDO - bha pàipear cuideachd air beulaibh bhall a' mìneachadh air far an robh am buidheann ann a bhith a' cur an cèill molaidhean BDO air nithean eile. Chaidh seo a chomharrachadh.

11 Sgrùdadh in-thaigh 2016/17

Bha pàipear air beulaibh bhall agus thug an Stiùiriche Ionmhais iomradh air. B' e seo an treas sgrùdadh in-thaigh a-mach à ceithir a chaidh aontachadh. Bha am pàipear a' cur an cèill Cuireadh gu Tairgse a dheigheadh a-mach gus buidheann fhastadh gus sgrùdadh a dhèanamh air "Cost and Resources Management".

An dèidh mearachdan litreachaidh a cheartachadh agus buidseat a chuir ris, chaidh an cuireadh gu tagradh aontachadh. Chaidh aontachadh gun deigheadh an CGT a chuir a-mach gu buidhnean sònraichte (a' gabhail a-steach feadhainn ionadail); gun tèid a chuir air làrach-lìn MG ALBA agus air làrach-lìn "Procurement Scotland".

Chaidh aontachadh gun gabhadh Donaidh MacAmhlaigh àite Daibhidh Brew air a' phannal-taghaidh. An dèidh a' phannal-taghaidh coinneachadh, thig molaidhean chun na h-ath choinneamh den Chomataidh air 10/10/16. (Gnìomh: NMG)

12 Measadh Chunnartan

Bha pàipear agus clàr nan cunnartan air beulaibh bhall agus thug an Stiùiriche Ionmhais iomradh orra. Bha am pàipear a' mìneachadh cunnartan an lùib a' phròiseas coimiseanaidh a thaobh Pasgain (volume deals) agus na ceumannan a bha gan gabhail le manaidsearan gus cunnartan a lùghdachadh. Chaidh aontachadh gu feum am buidheann dèanamh soilleir gu bheil an luach as fheàrr (best value) follaiseach agus trìd-shoilleir mus tèidear an-sàs ann an coimiseanadh.

Clàr nan Cunnartan – thèid coimhead ri ùrachadh a dhèanamh air na deitichean lèirmheas nuair a bhios sin iomchaidh agus thèid coimhead riutha aig coinneamh an Dàmhair.

(Gnìomh: NMG)

Chaidh aontachadh coimhead ann an doimhneachd aig an ath choinneamh ris a' chobhanntachd. (Gnìomh: NMG)

13 Aithisg HR

Bha aithisg air beulaibh bhall agus chaidh a chomharrachadh.

14 Aithisg bhliadhnail Slàinte & Sàbhailteachd

Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh gum bi an aithisg bhliadhnail air slàinte agus sàbhailteachd air beulaibh a' bhùird air 24/11/16. (Gnìomh: CMD). Chaidh gealltanais a thoirt seachad aig an ìre seo nach eil gnothaichean ri thoirt gu aire na comataidh.

15-18 Pàipearan fiosrachaidh

Chaidh iad seo an comharrachadh.

19 GISBE

Cha robh gin.

Deit na h-ath choinneimh – 10/10/16, Glaschu

Ainm sgrìobhte a' Chathraiche:

Deit: